



Na Fuadaichean

Thòisich **na Fuadaichean** ann an Srath Rùsdail, Siorrachd Rois, ann an 1792.

Ri linn nam Fuadaichean bha a' Ghàidhealtachd cho gann de shluagh ri sgìre san Roinn Eòrpa. Tha cuid a' faicinn nam Fuadaichean mar **shanntachd** agus **trèigsinn**, mar oidhirp leis na **h-uachdarain** am beairteas fhèin a **chaomhnadh** le bhith a' trèigsinn nan daoine. Ach, mar as trice, tha na Fuadaichean gam faicinn mar rud a thachair ann an grunnan cheumannan. Bha an dòigh agus an suidheachadh eadar-dhealaichte, a rèir cuin a thachair e, càit an do thachair e agus cò bha na lùib.




Aig aon àm, bho 1846-1856, thàinig **gaiseadh** air a' bhuntàta agus dh'fhalbh mòran de na Gàidheil gu Galltachd na h-Alba (far an robh obair ri fhaighinn ann am factaraidhean) gu Canada, na Stàitean Aonaichte no Astràilia.



Cha b' e a-mhàin gun do dh'adhbharaich na Fuadaichean call sluaigh, ach dh'atharraich iad cultar Gàidhealtachd na h-Alba.

Chaidh cur às do na cinnidhean Gàidhealach, don **dòigh-beatha** aca, do **bheul-aithris**, do **dhàimhean** agus do dhachaighean. Bha fiù 's a' Ghàidhlig ann an cunnart, leis gun robh siostam foghlaim na stàite a' teagasg Beurla seach cànan an t-sluaigh.



Cha b' e fuadaichean Chataibh na h-aon fhuadaichean ann an Alba, ach bha iad am measg an fheadhainn a fhuair an cliù bu mhiosa.